

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Ragnall agus Cailean

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 815. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 511 corresponds to Litir 815.

Tha Ragnall agus Cailean nan caraidean. Bidh iad an-còmhnaidh a’ feuchainn ri làmh-an-uachdair fhaighinn air a chèile. Tha iad air an dreuchdan a leigeil dhiubh, agus tha cus ùine aca airson a bhith a’ meòrachadh is a’ beachdachadh air gnothaichean – mòr agus suarach. Latha a bha seo, bha iad nan suidhe còmhla air being fo chraobh.

‘Bha mi a’ dol seachad air pàirc nan lomnochdaichean an latha eile,’ thuir Ragnall.

‘Pàirc nan lomnochdaichean?’ arsa Cailean. ‘Dè fon ghrèin a tha sin?’

‘Àite far am bi daoine a’ coiseachd timcheall gun sgàth aodaich orra.’

‘O ... lomnochdaichean. Ach ann an Alba?’

‘Uill, bidh iad fo chabair ann an togalach blàth, ach a-mhàin air làithean samhraidh,’ thuir Ragnall. ‘Ach ’s e latha samhraidh a bh’ ann agus chuir mi mo cheann thairis air an fheansa. Bhruidhinn mi ri bodach is cailleach.’

‘An robh iad lomnochd, no rùisgte?’ dh’fhaighnich Cailean.

‘Dearg rùisgte,’ dh’aontaich Ragnall. ‘Direach mar a bha iad an latha a rugadh iad.’

‘Eh?’ thuir Cailean.

‘Uill, chan ann buileach mar a bha iad nuair a rugadh iad,’ dh’aidich Ragnall le gàire.

‘Agus bhruidhinn thu riutha... Dè thuir thu?’

‘“Smaoinichibh orm,” thuir mi riutha, “mar bheathach air machraichean mòra Afraga. Tha sibhse nur beathaichean cuideachd. Tha sibh coltach rium, ach eadar-dhealaichte. Tha mise nam asal-stiallach, agus tha sibhse nur n-asail. Agus a bheil fhios agaibh dè tha mi airson a ràdh ribh?”’

‘Gabh mo leisgeul,’ thuir Cailean. ‘Ach dè th’ ann an asal-stiallach?’

‘Seabra,’ thuir Ragnall. ‘Coltach ri asal le stiallan air.’

‘O, ceart gu leòr. Tha sin a’ dèanamh ciall. An do fhreagair iad thu?’ dh’fhaighnich Cailean.

‘Cha do fhreagair,’ thuir Ragnall. ‘Cha d’ fhuair iad teansa. Oir thug mi freagairt dhaibh.’

‘Agus?’ dh’fhaighnich Cailean.

‘Thuir mi – “tha sibh coltach rium sa h-uile dòigh, ach **nach eil stiall oirbh!**”’

‘Hut!’ thuir Cailean. ‘S e breug a tha sin. Ach, trobhad ort, tha tòimhseachan agam dhut fhèin.’

‘Siuthad, ma-thà,’ thuirt Ragnall, ‘cha chùm tòimhseachan agadsa fada mi.’
 ‘Dè an diofar a th’ ann,’ thuirt Cailean, ‘eadar àm nuair a bhios làn na mara cianail àrd agus fuaim obann a bhios daoine a’ dèanamh às an t-sròin?’
 Bha Ragnall a’ meòrachadh. ‘Can a-rithist e,’ thuirt e.
 ‘Dè an diofar a th’ ann eadar àm nuair a bhios làn na mara cianail àrd agus fuaim obann a bhios daoine a’ dèanamh às an t-sròin?’
 ‘Tha diofar mòr ann,’ thuirt Ragnall. ‘Buinidh fear dhiubh don mhuir agus am fear eile don bhodhaig.’
 ‘Ge-tà,’ thuirt Cailean, ‘’s e diofar glè bheag a tha eatarra.’
 Bha Ragnall a’ beachdachadh greis ach cha do rinn e a’ chùis. ‘Siuthad, ma-thà,’ thuirt e mu dheireadh. ‘Chan eil fios agam. Inns dhomh.’
 ‘An litir “s”,’ thuirt Cailean. ‘Sin uile.’
 ‘Ciamar?’ dh’fhaighnich Ragnall.
 ‘Uill, ’s e *reothart* a th’ anns an dàrna fear dhiubh, agus *sreothart* a th’ anns an fhear eile!’
 ‘Hmph,’ thuirt Ragnall. Cha robh e toilichte gun do dh’fhàilnich air an tòimhseachan fhuasgladh. ‘Ceart, ma-thà, seo tòimhseachan dhut fhèin. Dè an gas nach lion an soitheach sa bheil e?’
 ‘Bidh a h-uile gas **a’ lionadh an t-soithich** sa bheil e,’ thuirt Cailean.
 ‘Dh’ionnsaich sinn sin aig an àrd-sgoil’
 ‘Tha thu ceàrr,’ fhreagair Ragnall. ‘Canaidh mi a-rithist e. Dè an gas nach lìon an soitheach sa bheil e?’
 Agus bheir mi am fuasgladh dhuibh an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: Dearg rùisgte: *totally naked*; asal: *donkey*; asal-stiallach: *zebra*; breug: *lie (untruth)*; bodhaig: *body*; eatarra: *between them*; reothart: *spring tide*; sreothart (no sreathart): *sneeze*.

Abairtean na Litreach: Tha Ragnall agus Cailean nan caraidean: *Ronald and Colin are friends*; an-còmhnaidh a’ feuchainn ri làmh-an-uachdair fhaighinn air a chèile: *always trying to get one over the other*; tha cus ùine aca airson a bhith a’ meòrachadh is a’ beachdachadh air gnothaichean: *they have too much time for contemplating and considering matters*; mòr agus suarach: *great and trifling*; pàirc nan lomnochdaichean: *nudist colony*; gun sgàth aodaich orra: *without any clothes on them*; fo chabair ann an togalach blàth: *indoors in a warm building*; ach a-mhàin air làithean samhraidh: *except on summer days*; chuir mi mo cheann thairis air an fheansa: *I put my head over the fence*; dìreach mar a bha iad an latha a rugadh iad: *just as they were on the day they were born*; mar bheathach air machraichean mòra Afraga: *as an animal on the great plains of Africa*; tha sibhse nur beathaichean: *you are animals*; trobhad ort, tha tòimhseachan agam dhut fhèin: *look here, I have a puzzle for you*; siuthad, ma-thà: *go on, then*; nuair a bhios làn na mara cianail àrd: *when the tide is extremely high*.

Puing-chànain na Litreach: Bidh a h-uile gas **a’ lionadh an t-soithich** sa bheil e: *every gas fills the vessel that contains it*. A’ lionadh is a verbal noun which commands a noun in the genitive case where the article is present (we’d say a’ lionadh soitheach without the article). Soitheach is a masculine noun and its genitive singular inflection with the article is an t-soithich.

Gnàthas-cainnt na Litreach: tha sibh coltach rium sa h-uile dòigh, ach **nach eil stiall oirbh:** *you're like me in every way, except **that you don't have a stripe on you.***
This is an idiom that means you don't have any clothes on!

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA